

An Naidheachd Againne

The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society

An Geamhradh 2012, Leabhar XXVIII, Àireamh 4
Winter 2012, Volume XXVIII, No. 4

In another of our continuing series on Scottish Gaelic dialects, Thomas Stewart, ACGA board member and Assistant Professor of Linguistics at the University of Louisville, tells us about the work of American linguist Nancy Dorian. Professor Dorian has studied the East Sutherland dialect for over 40 years, most notably in the villages of Brora, Golspie and Embo.


The Gaelic of East Sutherland and Nancy Dorian

by Thomas Stewart

Prof. Nancy C. Dorian's research has focused most notably on the Scottish Gaelic language with regard to its endangered status. She has drawn attention to the often hard realities that the speakers of threatened languages face, both at the community level and at the individual level, and she has done this by holding up a lens, as it were, to allow us to focus on marginalized voices. She is responsible for coining the term *semi-speaker*, a partially proficient member of a speech community who may not be immediately noticeable to the casual observer. While semi-speakers of Gaelic may not command

what might be loosely called "good" Gaelic, it is a mistake to ignore their presence and the contributions that imperfect speakers may make in the history (and future) of the language. Her concept, founded in her long-term interaction with the shrinking Gaelic community in East Sutherland, has become a standard notion in the study of endangered languages worldwide.

On a personal note, I remember how upset I was when I first caught sight of Professor Dorian's book *Language Death: The Life Cycle of a Scottish Gaelic Dialect* (U Pennsylvania Press, 1981), with the bold line drawing of a map of north-central Scotland on the cover. From my perspective as a linguist who is interested in Scottish Gaelic and its future, it struck



Highlighted area is Sutherland.

Scotland's Places

In This Issue

Litir a' Chinn-Suidhe	3
Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig	4
A' Seinn an Aghaidh na Balbhachd	6
25 th Annual U.S. National Mòd	7-10
John MacRae Award Poems	11
Cha Bu Mhiste Sinn (Book Blog)	14
Crannachan (Bilingual Recipe)	15
Reviews: uTalk	16
Dè Do Naidheachd?	17
A Bharrachd	19
Criomagan	20
Dè Tha Dol? (Gaelic Events)	21

Go to <http://www.acgamerica.org> for more information on upcoming ACGA events and other Gaelic-related activities.


me as a bad strategic move – at the very least – to associate such a morbid-sounding title and the image of Scotland so directly for public consumption. Overcoming my initial reaction, however, I opened the book.

I quickly came to appreciate Dorian’s engaging exposition of the historical, social, and economic reasons for Gaelic’s trajectory of marginalization and loss, focused on the case of East Sutherland, but with information relevant to present and former Gaelic-speaking communities more broadly. Her work serves to demonstrate that Gaelic is worthy of sociolinguistic study in all phases of health.

By paying attention to both how the language works (in the sense of grammar, vocabulary, pronunciation, etc.) and how its speakers think about it (What do you most like about having Gaelic? Whom do you speak Gaelic with? What sorts of topics (if any) are “more appropriately” spoken about in English?), Dorian’s work opens up the interior life of the language in ways that may otherwise prove difficult to access. Despite the rather unfortunate metaphor of *language death* (which she did not coin), Dorian’s research is not merely a monument to something past –there is much of Gaelic’s living presence in communal history, social interaction, and family upbringing to be found in her pages.

In recognition of the scope, depth, and significance of her linguistic work with Gaelic, as well as her role in

MID & EAST SUTHERLAND



Visit Scotland

Map shows coastal communities of East Sutherland studied by Nancy Dorian.

the development of the study of endangered languages more generally, Nancy Dorian was awarded the 2012 Kenneth L. Hale award by the Linguistic Society of America. Her contributions are energizing, affirming, and they have served to place Gaelic in front of a wide reading audience. Above all, she has helped to clarify the degree to which Gaelic’s marginalization is embedded in social and economic history, and is not owing to any lack or flaw to be found in the language itself. I suppose that in the pages of this publication, Gaelic’s intrinsic value and vital potential are foregone conclusions *tha mi an dòchas gu bheil, co- dhiù.*

Rob Donn MacKay was born in 1714 in Strathmore, Sutherland. He was a monoglot Gaelic speaker who never learned to read or write but fortunately others wrote down his poetry. His poems sometimes contained ribald images that were altered by others who transcribed his work, and his Strathnaver dialect was sometimes changed into more standard Gaelic. As a result, his poetry suffered, but *The World of Rob Donn* (Ian Gimble, Saltire Society, 2nd edition, 1999) from which the following snippet of poetry is taken, corrects these errors.

Ged is socrach mo leabaidh,
Chan e ’n cadal bh’ air m’ ùidh;
’S tric mo smuaintean a’ gluasad
Don taobh tuath leis a’ ghaoith;

Is mòr a b’ annsa bhith mar riut
Ann an gleannan nan laogh
Na bhith cunntadh nan Sàileach
Ann am pàirceachan Chraoibh.

Although my bed is comfortable,
I did not want to sleep;
Often my thoughts steal
On the wind towards the northern Highlands.

How much better I should prefer to be beside you
In the little glen of the calves
Than to be counting the Sàl cattle
In the parks of Crieff.

Litir a' Chinn-Suidhe

le Scott MacIlleMhoire

Fàilte chridheil dhuibh uile. Is mise Scott MacIlleMhoire agus tha mi an dòchas gun robh samhradh math agaibh uile. 'S doirbh a chreidsinn gu bheil ceann na bliadhna a' teannadh oirnn mar thà agus na làithean-fèille a' tighinn na lùib, ach sin mar a tha e. Ged 's e seo an t-àm nuair nach bi mòran fhèisean neo mòran thachartasan sònraichte mar am Mòd neo an Deireadh-Seachdain Bogaidh a' dol air adhart, chan eil sin a' ciallachadh nach eil sinn trang. Leis an fhìrinn innse, tha iomadh comataidh ag obair a thaobh tachartasan a chumail airson na h-ath-bhliadhna. Bidh an IW ann an Arizona a-rithist, agus tha comataidh a' Mhòid gu math dripeil a' cur chuirmean ri chèile airson airgead a thogail airson Mòd 2013. 'S ann air Facebook a thèid gach còmhradh a chumail agus faodaidh sibh pàirt a ghabhail dìreach le bhith a' dol chun an làraich. 'S e Mòd Fundraisers an t-ainm a tha air a' bhuidhinn aca. A bharrachd air sin, tha mi fhèin a' bruidhinn ri dithis mu dheidhinn IWs eile a chur air bhonn a bharrachd air an tè a bhios ann an Arizona. Tha mi an dòchas gun tig rudeigin à seo ach chì sinn na thachras....

Bu chòir dhomh cuideachd ceud mìle taing a thoirt do Heather Sparling agus Randy Waugh. Tha Heather air a bhith a' cumail rian air gnòthaichean ionmhasail airson ACGA o chionn fhada! Agus 's i a tha air sàr obair a dhèanamh às leth a' chomainn againn, ar ballrachd san fharsaingeachd agus airson na Gàidhlig. Tha Randy air a bhith na iar-cheann-suidhe fhad 's a tha mi air a bhith nam cheann-suidhe agus 's mi a bhios ga ionndrainn. Gun tèid gu math leibh le chèile anns gach gnìomh anns am bi sibh an sàs agus tapadh leibh!

Ach air an làimh eile, tha cothrom ann fàilte a chur air dithis a tha a-nis air tilleadh air a' bhòrd-stiùiridh againn. Buailibh ur basan ri chèile airson Mike Mackay agus Rachell Blessing is iad air co-dhùnadh tilleadh. A Raonaid 's a Mhìcheil, tha fhios agam nach eil an seo ach iris agus nach urrainn dhuibh ar cluinntinn, ach na leigeadh sin leibhse smaoinichadh nach eil sinn a' cur fàilte chridheil oirbh

Às leth bòrd-stiùiridh ACGA tha sinn an dòchas gum bi sibh uile slàn agus gum bi Nollaig Chridheil aig a h-uile duine agaibh agus Bliadhn' Ùr Mhath dhuibh uile nuair a thig i!

Beannachdan na ràithe,
Scott MacIlleMhoire

President's Letter

by Scott Morrison

Welcome to you all. I am Scott Morrison and I hope that you all had a good summer. It is difficult to believe that the end of the year is closing upon us and that the holidays are coming, but that's just how it is. Although this is the time of the year when there are not many festivals or special events like the Mòd or the Immersion Weekend, that does not mean that we are not busy. Truth be told, many committees are working to keep up the events for next year. The IW will be in Arizona again and the Mòd committee is very busy putting together concert events in order to raise money for the 2013 Mòd. Facebook is where each conversation takes place and you all may take part by simply going there. The name of the group is Mòd Fundraisers. Besides that, I am speaking to two people about starting some other IWs besides the one that will be in Arizona. I am hoping that something comes out of this, but we'll see....

I ought to also say "100,000 thanks" to Heather Sparling and Randy Waugh. Heather has been the ACGA bookkeeper for a looooooong time! She has done marvelous work for our organization, for the members in general, and for Gàidhlig. Randy has been the vice president for as long as I have been the president and I am going to miss him. We hope that you find success in all of the endeavours in which you find yourselves involved and thank you!

On the other hand, there is an opportunity to say welcome to two people who have returned to our board. Put your hands together for Mike Mackay and Rachell Blessing since they have agreed to return. Rachell and Mike, I know this is just a newsletter and you can't hear us, but that doesn't mean that we're not giving you a warm welcome.

On behalf of the ACGA board of directors we hope that you all will be well with much success and that you all have a Merry Christmas and a Happy New Year!

Blessings of the season,
Scott Morrison

Seo caibideil a h-aon de sgeulachd air aithris le ar caraid Liam Ó Caiside. Tha coltas ann gur e seann sgeulachd a th' innte ach an e? Chan eil fhios againne, ach nochdaidh caibideil a dhà sa Mhàirt.

Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig

Le Liam Ó Caiside

Caibideil a h-Aon: Foghlainteach Ùr

“Batar iarum clanda Bethaig meic Iarboneóil Fáda meic Nemid i n-insib tuascertachaib in domain oc foglaim druidechta & fessa & fástini & amainsechta, combtar fortaile for cerdaib súithe gentliuchta.” – *Leabhar Gabhala Éirinn**

“Bha bantrach ann uair, agus bha triùir mhac aice.

A' chiad mhac, dh'fhalbh e na shaighdear. Dh'fhalbh an dàrna mac na mharaiche. Bha an gille a b' òige air fhàgail aig an taigh. 'S e Iain a theireadh iad ris, Iain Fhearchair Òig.

Balach àrd, tana le falt dubh a bh' ann, agus bha e sundach, sgiobalta. Agus bha iad ag ràdh gun robh e uamhasach glic.”

Sin mar a thòisich an sgeulaiche oidhche a bha sinn cruinn còmhla nar suidhe ri taobh a' ghealbhain aige, agus a dh'iarr Calum air naidheachd nach cuala sinn riamh.

Bu thrì a thàinig sinn air chèilidh air an sgeulaiche a' bhliadhna sin, le innealan clàraidh agus, is dòcha, botal neo dhà. Chuir sinn iomadh oidhche seachad còmhla ris, agus esan a' gabhail sgeulachdan gu latha.

“B' fhurasta dhomh sin, ged tha sibhse gu math eòlach air sgeulachdan dhen a h-uile seòrsa,” thuirt am bodach ri Calum. “Èistibh, a bhalachaibh, ris an sgeul seo. Sgeul nach cuala sibh riamh, agus nach do dh'innis mi riamh rim bheatha.”

Agus thòisich am bodach a-rithist mar a leanas.

“Aig an toiseach, bha Iain agus a mhàthair a' fuireach ann an ceàrn iomallach — cha b' fhurasta ri ràdh le cinnt càite ann an Albainn. Chan e an-dè no a' bhon-dè a bh' ann, ach tuilleadh na dà cheud bliadhna air ais, agus chan eil an saoghal mar a bha e.

Chaill a' bhantrach seo an duine aice nuair a bha Iain na leanabh. Dh'fhalbh am fear seo, Fearchar Òg, dhan arm agus cha chuala neach sam bith dè thachair dha às dèidh Blàr Chùil Lodair. Dh'fhalbh na bràithrean a bu shine a dh'iarraidh am fortain, agus dh'fhàg iad am màthair na h-aonar còmhla ris a' bhalach òg.

Cò-dhiù, thàinig àmannan cruaidhe agus dh'fhàs a' bhantrach seo gu math bochd. Cha mhòr gun d' fhuair ise agus Iain am beòshlaint às an fhearann aca. Agus bha Iain a' cinntinn suas.

“Chan ann airson na bochdainn a rugadh e,” smaoinich a mhàthair rithe fhèin. “Bu chòir dhomh cosnadh fhaighinn dha.”

Ach cha robh cothroman pailt mur leanadh Iain a bhràithrean — am mac a bu shine ann an Ameireagaidh a' dol an còmhrag ris na Frangaich, agus am fear eile fad air falbh thar a' chuain.

Leis an fhìrinn innse, bu thrì a ruith smuaintean Iain gu sràidean Bhoston agus coilltean Ameireagaidh agus dha na cuantan gorma agus eileannan deòranta fada bho thìr air taobh eile an Domhain.

Sin mar a bha cùisean gus an d' ràinig Iain ceithir bliadhna deug a dh'aois. Air feasgar fann foghair,



* “An dèidh sin, bha clann Beathaich mhic Iarboneóil Fada mhic Nemhid ann an innsean tuathach an domhain a' foghlaim draoidheachd agus fios agus fàistneachd agus amhainseachd, gus an robh iad ealanta ann an ceàrdan seòlta nan cinnich.”

thàinig coigreach dhan taigh aca. Fear àrd air muin eich, air èideadh ann an dòigh fhasanta: ad mhòr, cleòca agus còta, pioraraig agus peiteag, briogais ghoirid, stocainnean sìoda, agus brògan le bucallan buidhe.

Duine beartach, a rèir coltais, ach bha e na aonar, gun shearbhanta, agus cha robh sion aige ach bata daraich cinn airgid.

Bheannaich e dhaibh anns a' Ghàidhlig agus bheannaich iad dha. Thug màthair Iain cuireadh dha thighinn a-steach agus deoch agus greim bìdh fhaighinn. Shuidh iad uile aig a' bhòrd, agus thug Iain agus a mhàthair dhan choigreach na b' fhèarr a bh' aca. Às dèidh làimh, dh'fhaighneachd a' bhantrach dheth an robh ùrachadh aige no gu dè a thug an sin e.

“’S e marsanta a th’ annam,” thuirt e riutha, “agus tha mi air an t-slighe dhachaigh. Agus tha mi ag iarraidh foghlainteach glic, gleusta gun ghruaim gun leisg.” Thuirt a’ bhantrach ris nach ruigeadh e leas a dhol na b’ fhaide. “Seo mo mhac as òige, agus is gleusta a gheibhear e,” ars’ ise. Thug an duine beartach sùil bhiorach air Iain. “Ach an leig thu leam e?” dh’fhaighneachd e. “Gheibh thu fichead punnd Sasannach ma leigeas agus fichead punnd eile a h-uile bliadhna a bhios e còmhla rium.”

Fichead punnd Sasannach — b’ e deagh fhòrtan a bha sin. Bhiodh a’ bhean gu math dheth, agus eagal air a bhith oirre gun cailleadh iad an dachaigh bheag a bh’ aca a dh’ aithghearr, is iad cho bochd.

“Leigidh,” arsa a’ bhantrach. “Ma gheallas sibh dhomh gum bi sibh nur deagh-mhaighistir dha mo mhac, agus esan gun athair agus a bhràithrean nas sine fada bhuainn air falbh.”

Chuir an duine beartach fichead punnd Sasannach air a’ bhòrd. Gheall e gun cumadh e Iain slàn, fallain. “Bheir mi sgoil agus foghlam dha agus mas e gille glic a th’ ann, thig e dhachaigh na dhuine cho beartach ’s a tha mi fhìn.”

Bha Iain deònach gu leòr. Smaoinichibh, bhiodh e dol gu Inbhir Nis neo Glaschu. Chan ann a h-uile latha a bhiodh mòd aig Mac an Tòisich, agus chan e a h-uile latha a gheibhear cothrom mar seo, bha fhios

aige. Fhuair am balach beannachd a mhàthar agus dhealaich e rithe. Suas air an t-each a chaidh e air chùlaibh an duine bheartaich agus dh’fhalbh iad. Dh’fhaoidte gu robh e car brònach, ach bha e òg, agus cha do mhair am mulad sin fada.

Cò-dhiù, ann an ceann greis stad an duine beartach agus thuirt e, “Is math am fios agam cò a th’ annad, Iain mhic Fhearchair Òig ’ic Fhearchair ’ic Iain, ach chan eil fhios agad idir cò a th’ annamsa,” thuirt e. “Is mise an Draoidh Mòr, an draoidh as fhèarr ann an Alba Mhòr. Agus tha thusa nad cheangal agam a-nise mar fhoghlainteach. Agus is còir sin, Iain, seach ’s gun deach d’ ainm a sgrìobhadh anns an leabhar dhubh agam dà cheud bliadhna mus d’ rugadh tu riamh.”

Chuir sin iongantais agus eagal air Iain, dh’fheumte aideachadh. Ach ’s e balach misneachail a bh’ ann. “Mas e draoidh a th’ annaibh, dè ’n seòrsa obrach a bheireadh sibh thugam neo dè a dh’ionnsaicheadh sibh dhomh?” dh’fhaighneachd e.

“Iomadh rud feumail agus freagarrach,” thuirt an draoidh seo, “ach a bharrachd air sin, Iain, ionnsaichidh mi draoidheachd dhut. Tha sgoil agam anns an Eilean Sgitheanach, far a bheil sinn a’ dol an-dràsta. Ach feumaidh sinn a dhol ann ann an cruth calmain.”

Bhuail e Iain ris a’ bhata daraich cinn airgid agus ann am priobadh na sùla thug iad an iarmailt orra nan calmain. Cha b’ ann anns an each anns an fhìrinn ach air pìos de bhuaghallan buidhe, agus dh’fhalbh iad sin far an do thuit e.

A-mach a ghabh iad mar aiteal na grèine thar nam beann agus tro na gleanntan, agus nuair a bha neòil dhubha na h-oidhche tighinn, agus neòil gheala an latha falbh, ràinig iad an t-Eilean Sgitheanach. Chunnaic Iain seann chaisteal fodhpa, agus chaidh iad sìos gus an deach iad a-steach tron uinneig. An uair a chuir iad spòg air ùrlar, bha iad nan daoine arithist. ’S ann an Sgoil nan Eun a bha iad, sgoil suidhichte ann an caisteal ri cùl na gaoithe agus an aghaidh na grèine, far am faiceadh iad a h-uile duine, agus nach fhaiceadh duine iad.

“Fàilte, Iain, agus ceud fàilte,” thuirt an Draoidh Mòr. “Bithidh an sgoil seo na dhachaigh dhut cho fad ’s a bhios tu nad fhoghlainteach agam.”

“Agus sin mar a thàinig Iain Fhearchair Òig do Sgoil nan Eun,” thuirt an sgeulaiche. “Deagh naidheachd,”

thuirt Eoghann, a bha na shuidhe ri taobh Chaluim. “Chan e naidheachd iomlan a th’ ann,” thuirt am bodach, “ach tòiseachadh.”

Agus thòisich e a-rithist.

Prògram fianaise ùr am foghar seo bho Mhicheal Newton.

A new documentary out this fall from Michael Newton.

A’ Seinn an Aghaidh na Balbhachd: Gàidheil na h-Albann Nuaidh / Singing Against the Silence: The Gaels of Nova Scotia

Tha Mìcheal Newton a' mineachadh gun robh e air a bhrosnachadh an gnothach seo a thogail air sgàth 's nach eil eòlas air eachdraidh na Gàidhlig neo luchd-labhairt na Gàidhlig aig mòran dhaoine fiù 's ann an Alba Nuadh fhèin.

Tha iomhaigh nan Gàidheal air leth pailt ann an suai-cheantas na h-Albann Nuaidhe, gu h-àraid ann an sanasachd turasachd a tha toirt cuideim air a' bhreacan, air an fhéilidh, is air na pioban. Tha blas na firinne anns na cuing-iomhaighean seo oir thòisich coimhearsnachdan Gàidhlig ri imrich dha'n Mhòr-Roinn anns na 1770n agus b' iad a bu lionmhoire ann ro mheadhan an ochdamh ceud deug. Tha an romànsachas a' toirt sgleò air eachdraidh dhubhach de mheathadh, de dh'fhoill is de cho-stri. A' tarraing air agallamhan ri caochladh dhaoine, tha *A' Seinn an Aghaidh na Balbhachd* a' cur air shùilean an spàirn a rinn Gàidheil air taobh an ear na h-Albann Nuaidhe gus an cànan-sa àrach as ùr, tro shealladh iomadaidheachd cànan is dùthchais.


Dà-chànanach Gàidhlig-Beurla is fo-thiotalan ann, 26 mionaidean de dh'fhaid.

Assistant Professor of Celtic Studies at St. Francis Xavier University in Antigonish, Michael Newton explains that he was prompted to take on this project as he became aware of how many people even in Nova Scotia are not familiar with the history of Gaelic and Gaelic speakers.

The iconography of Nova Scotia is replete with the image of Scottish Highlanders, especially in tourist publications which highlight tartans, kilts, and bagpipes. These stereotypes derive from the historical fact that Scottish Highland communities began migrating to the province in the

1770s and dominated most eastern areas by the mid-nineteenth century. The romantic clichés obscure a less cheery history of marginalization, appropriation, and resistance. Through interviews with a range of subjects, *Singing against the Silence* explores the struggles of Scottish Gaels in eastern Nova Scotia to sustain and reclaim their language and puts these efforts in the larger context of linguistic and cultural diversity.

Bilingual Gaelic-English with subtitles, 26 minutes long.



A Memorable Mòd

25th Annual U.S. National Mòd Set a New Standard

ACGA Mòd Committee

The 25th Annual U.S. National Mòd raised the bar for future U.S. Mòds by gaining unprecedented attention in Scotland and capping a long record of success for the oldest event sponsored by An Comunn Gàidhealach Ameireaganach.

This September's Mòd — a three-day competition in Scottish Gaelic song, poetry and storytelling — was the first in which the coveted gold medal for best singer went to three competitors, with two women, Anne Alexander and Erin Park, sharing the women's gold medal alongside men's gold medal winner Micheal Mac Aoidh. It was the first U.S. Mòd featured in an hour-long program on BBC's Radio nan Gàidheal. And it was the first Mòd supported by a broad-based fundraising initiative.

That initiative continues as the Mòd Committee plans for a fundraising concert in Alexandria, VA, in early 2013 and special Gaelic storytelling sessions. Mòd Nàiseanta Aimeireagaidh is being transformed from a long weekend into a year-round event, one that is integrated with other ACGA events such as the annual Immersion Weekend and Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week.

petitions on Friday to the singing events on Saturday and the workshops held Sunday morning, our guests took advantage of the high standard of excellence provided by the Mòd," said Cathleen Ransom MacKay, chair of the committee that organizes the Mòd for ACGA. Several first-time competitors and attendees from as far as Ohio and Florida attended the Mòd, held at the Ligonier Highland Games in Ligonier, PA, Sept. 21-23. Altogether, 36 people attended the Mòd, staying at the Antiochian Village in Ligonier, not far from the games.



US Mòd Committee

Scottish Gold Medalist Niall Caimbeul, U.S. Mòd Adjudicator Beathag Mhoireasdan, and BBC Radio nan Gàidheal's Coinneach MacIomhair.

This year the U.S. Mòd welcomed special guest Coinneach MacIomhair, the veteran Gaelic broadcaster and host of Radio nan Gàidheal's most popular talk show. Prògram Choinnich reaches the home and ears of practically every Gaelic speaker in Scotland, and this fall those Gaels heard a great deal about ACGA's Mòd.

Meeting special guests from Scotland has been a highlight for Mòd attendees, and this year proved no exception. The Mòd Committee hopes to bring more special guests from Scotland to expand and enrich the experience for all.

"Coinneach made an enormous difference to our Mòd this year, interviewing competitors and at-



US Mòd Committee

Children's gold medal winner Cairistiona Waugh receives her prize from Mòd Director Cathleen Ransom MacKay.

"This year, the Mòd welcomed more people than it has seen in many years, and from the literature com-

tendeeds and recording a program broadcast after the Mòd, speaking about his life and Gaelic culture on Lewis and serving as fear-an-taighe at our cèilidh and banquet,” said MacKay. “We are extremely grateful to him.”

The Mòd began Friday, Sept. 23, with dinner followed by competitions in Bàrdachd (poetry), Leughadh air a’ Chiad Sealladh (sight-reading) and Sgeulachd (storytelling). Song competitions, from prescribed songs to own choice, work songs, puirt-à-beul and a choir performance, followed Saturday. Sunday featured workshops focused on drama and acting and Gaelic song. Our adjudicator this year was Beathag Mhoireasdan of Lewis and Glasgow, who returned to the U.S. Mòd for the fifth time. This year, as in each year since 1998, ACGA welcomed a gold medalist from Scotland’s Royal National Mòd. This time our guest was Niall Caimbeul of Benbecula, winner of the men’s gold medal at the Scottish Mòd last year.

“We’re delighted by the number of competitors attracted to these competitions, which really test your abilities in spoken Gaelic,” said Liam Ó Caiside, a spokesperson for the event. “Our Scottish guests are always surprised by the number of competitors who show interest in storytelling in particular, and take the time to learn complex traditional stories. We think language arts such as storytelling and poetry are as important a part of our Mòd as the songs we sing.”

After the poetry and storytelling competitions, the Mòd reconvened Saturday, Sept. 22, for song competitions at the site of the Ligonier Highland Games. Singing is at the core of the Mòd, which was first held in Alexandria, VA, in 1988 and moved to Ligonier in 1995. Since then, the song competitions have expanded to include choirs and groups as well as solo performances in a variety of categories.

Two years ago, the Mòd began to require competitors who wish to enter the song finals to sing one prescribed song as well as one song in another category, such as a work song or port-à-beul. The prescribed songs are the same as those for the Gold Medal competition at the prior year’s Royal National Mòd in Scotland — in this case “Gur tu

mo bhean chomain” for men and “Ma’s ann ’gam mhealladh” for women.

“For many years, we resisted the idea of a prescribed song, preferring to allow singers to perform songs of their own choice,” said Ó Caiside. “But as we grew, we realized that placed an enormous burden on the adjudicator. Using a prescribed song creates a ‘baseline’ of sorts for that adjudicator to work from. And while a prescribed song is required to gain entrance to the finals, it’s not required for participation in the Mòd. We had singers this year who sang songs of their own choice but didn’t go on to the finals — and that was their decision.”

For the first time, the Mòd featured an “open competition” featuring songs of the competitor’s choice for those who didn’t wish to sing a prescribed song. Eight competitors entered the solo singing competitions. Còisir Gàidhlig nan Stàitean, the U.S. Scottish Gaelic Choir, also performed for a second year, and the impromptu group Waulkers Without Borders gave the tweed a vigorous thumping.

Although more than a dozen medals and prizes were handed out, only two can win the top U.S. Mòd awards — at least until this year. Erin Park and Anne Alexander tied in Gaelic and Music, which meant they both won the women’s gold medal and the Marietta MacLeod Quaich presented by Donald F. MacDonald, the award for the best female vocalist at the Mòd. This is the first time two competitors have shared one of the top awards at the Mòd — an unprecedented event. “We couldn’t be happier for both of them,” said MacKay. Micheal Mac Aoidh won the men’s gold medal and Herbert P. MacNeal Memorial Quaich, presented by the Clan MacNeil Society.

Whether they competed or not, everyone at this year’s Mòd was a winner, taking home a better appreciation and broader understanding of Gaelic tradition and its importance to both Scotland and North America. Plans for next year’s Mòd are under way, and expect to hear more about a Mòd concert this spring.

For more photos and information on Mòd Nàiseanta Aimeireagaidh visit their website, A' Seinn Còmhla, at usmod.wordpress.com or their Facebook page, U.S. National Mòd.

U.S. National Mòd Competition Results

Friday, Sept. 21, Saturday, Sept. 22, 2012

Ligonier, PA

Bàrdachd (poetry recitation, own choice)

1st Place, Micheal Mac Aoidh, Virginia

2nd Place, Rob Greenwalt, Ohio

Leughadh air a' Chiad Sealladh (Sight-Reading)

1st Place, Liam Ó Caiside, Virginia

2nd Place, Micheal Mac Aoidh, Virginia

3rd Place, Erin Park, Pennsylvania.

Sgeulachd (Storytelling)

1st Place, Caitlin Nic Aoidh, Virginia

2nd Place, Liam Ó Caiside, Virginia

3rd Place, Mike Moffitt, Florida.

Co-fharpais Fhosgarra (song of the competitor's choice)

1st Place, Iain Grimaldi, New York

2nd Place, Sadie Park, Pennsylvania

3rd Place, Mike Moffitt, Florida.

Òran Ainmichte (prescribed song)

Na Fir (men)

1st Place, Micheal Mac Aoidh, Virginia

2nd Place, Liam Ó Caiside, Virginia.

Na Mnàthan (women)

1st Place, Anne Alexander, Ohio & Erin Park, Pennsylvania (tie).

Co-fharpais nan Clann (children & youth)

1st Place, Cairistiona Waugh, Ottawa, Canada.

Òran Obrach (work song — waulking, spinning, rowing, etc.)

1st Place, Liam Ó Caiside, Virginia & Erin Park, Pennsylvania

2nd Place, Micheal Mac Aoidh, Virginia

Puirt-à-Beul (mouth music for dancing)

Na Mnàthan (women)

1st Place, Anne Alexander; Ohio

Na Fir (men)

1st Place, Iain Grimaldi, New York

Na Còisearan (choirs)

1st Place, Còisir Gàidhlig nan Stàitean (U.S. National Gaelic Choir).

Na Crìochnaichean (final song, competitor's choice)

Na Mnàthan (women)

1st Place, Erin Park, Pennsylvania

2nd Place, Anne Alexander, Ohio

Na Fir (men)

1st Place, Micheal Mac Aoidh, Virginia

2nd Place, Liam Ó Caiside, Virginia

Na Buinn Òir (the Gold Medals)

Na Mnàthan (women)

Erin Park, Pennsylvania & Anne Alexander, Ohio

Na Fir (men)

Micheal Mac Aoidh, Virginia

Co-fharpais Air Astar (Distance Learning Competition)

1st Place, Rosg (Prose), Ted Neveln, Washington

1st Place, Bàrdachd (Poetry), Micheal Mac an t-Saoir, California



First-time competitor Iain Grimaldi sings at the Mòd.

US Mòd Committee



Mòd Special Awards

The Marietta MacLeod Memorial Quaich: This award goes back to the founding of the U.S. National Mòd in 1988. The quaich is presented annually by Donald F. MacDonald in memory of his wife, the late Gaelic singer Marietta MacLeod, or Màiri Oighrig nic Choinnich MhicLeòid, and her sister, Kitty MacLeod, to the highest scoring female singer, our U.S. Mòd gold medalist. This year, for the first time, it went to two women who tied in scores for Gaelic and music and share the honor, Erin Park of Pennsylvania and Anne Alexander of Ohio. Mealaibh an naidheachd, 's bu mhillis na h-òrain!

The Herbert P. MacNeal Memorial Quaich: This award has been presented by the Clan MacNeil Society to the highest scoring male singer at the Mòd since 1989 in memory of Herbert P. MacNeal, a founder of the Council of Scottish Clans Association and former president of the Clan MacNeil Society who died in 1988. MacNeal was a patron of the Scottish arts and was instrumental in establishing the Scottish Harp Society of America. This year the MacNeal Quaich went to Micheal Mac Aoidh of Virginia.

Searrag-Ghlainne nam Bàrd: This prize, in the form of an Edinburgh Crystal Decanter, is presented each year by Donald F. MacDonald for the best poetry recitation at the Mòd. MacDonald, along with Catriona NicIomhair Parsons, is a co-founder of the U.S. National Mòd. This year the award was presented to Micheal Mac Aoidh of Virginia.

The S.C.O.T.S. Shield: This award is presented by the Scottish Club of the Twin States (Vermont & New Hampshire) to the winners of the Òran Luaidh/Waulking competition. This year the prize went to an impromptu group, Waulkers Without Borders. The group included singers from several states and Canada.

Duais Leòdhais agus na Hearadh: The Lewis and Harris award is presented by the Lewis Highland Dance Society in memory of Donaidh M. MacIlleathain, Gaelic playwright and activist from Bac, Lewis, for best presentation of a Lewis and Harris song. This year the award went to Erin Park of Pennsylvania.

Duais Daibhidh Mhic Risnidh: The David MacRitchie award is a fairly new prize, presented by former U.S. National Mòd chair Neacail Freer in memory of his great-uncle for the best traditional story told during the Mòd sgeulachd competition. This year the award was won by Caitlin Nic Aoidh for "Tàillear nam Manachan."

Duais Iain Mhic Mhurchaidh: The John MacRae award is one of two prizes meant to encourage original writing in Scottish Gaelic in North America. The award is presented by the U.S. National Mòd for the best original poem submitted to the Mòd. This year the award went to Michael MacIntyre. Iain Mac Mhurchaidh was an 18th century bàrd who emigrated to North Carolina.



US Mòd Committee
From left, Erin Park, Micheal Mac Aoidh, adjudicator Beathag Mhoireasdan, and Anne Alexander

Bheirear an Duais Iain Mhic Mhurchaidh aig a' Mhòd Nàiseanta Aimeireagaidh gach bliadhna airson an dàin tùsail as fheàrr. Am bliadhna, choisinn Micheal Mac an t-Saoir, ball ACGA à California, an duais airson a' cho-chruinneachaidh seo de thrì dàin. Meal do naidheachd a Mhicheil!

The John MacRae Award is presented at the U.S. National Mòd each year for the best original Gaelic poem. This year ACGA member Michael McIntyre from California earned the prize for this collection of three poems. Congratulations, Michael!

aig a cheann-tìre

le Micheal Mac an t-Saoir

'S e latha gruamach
a streap mi
suas air a' chreig,
làmh os cionn làimh
tron a cheò
's an aghaidh na duibhe
a dh'aindeoin 's nach fhaca mi càil
ach doilleireachd 's sgleò.

